

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

24/2/21, 1000-1330

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Donaidh MacAmhlaidh (sa Chathair) Iain Mac a' Mhaoilein
 Marion Nic na Ceàrdaich Ceit-Anna NicLeòid

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear) [bho 1200]
 Niall M Greumach [NMG] (Stiùiriche Ionmhais)
 Donaidh Dòmhnullach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)
 Nicola Pearson [NP] (Cunntasair)
 Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Eunice McAdam, Saffrey Champness, airson puing 5

Chaidh seisean a chumail eadar buill na Comataidh, an Stiùiriche Ionmhais, an Cunntasair agus Neach-sgrùdaidh bho Saffrey Champness aig 1000 far an deach pàipear planaидh an luchd-sgrùdaidh a dheasbad (faic puing 5).

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothaichean Dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (3/11/20)

3.1 Molaichte le Iain Mac a' Mhaoilein agus daingnichte le Ceit-Anna NicLeòid.

4. Gnothaichean ag èirigh

Aontaichte.

5. Luchd-sgrùdaidh – planadh

- 5.1 Thaisbean Eunice Macadam, Saffrey Champness aithisg planaidh an luchd-sgrùdaidh gu buill san t-seisean prìobhaideachd far an robh cothrom aig buill puingean sam bith a thogail mun aithisg. Nam measg bha deasbad mun fheum air barrachd sgrùdad air "going concern" agus an tuilleadh fiosrachaidh a thaobh gnothaichean daonna, me, pàigheadh, gnè agus cuid a phoileasadhean.
- 5.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

6. Dleastanas na Comataidh

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an dleastanais a chaidh a bhualeachadh orra leis a' Bhòrd.
- 6.2 Chaidh aontachadh coimhead ri clàr-obrach na Comataidh a-rithist aig an ath choinneamh far an tèid soillearachadh a dhèanamh air an t-uallach a th' air a' bhuidheann a thaobh èifeachdas agus luach-an-airgid.
- 6.3 **Co-dhùnadh:** comharraichte agus chaidh aontachadh an aon ùghdarras 's a th' aig a' Chomataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean a thoirt don Chomataidh seo: *The Board delegates to the Audit & Assurance Committee the authority to obtain, at the company's expense, independent impact assessments on any of the Company's activities that lie within its terms of reference.*
- 6.4 **Gniomhan:** 1) thèid coimhead ri clàr-obrach na buidhne aig an ath choinneamh; agus 2) thèid na briathran oifigeil fhoillseachadh. (**MAMI**)

7. Riaghlas

- 7.1 A' leantainn atharrachaidhean ann an dleastanasan na Comataidh, bha pàipear air beulaibh bhall le na h-atharrachaidhean sna Riaghailtean Ionmhasail; Gnàth Riaghailtean agus Sgeama Tiomnachaidh air an comharrachadh.

Sgeama Tiomnachaidh

- 7.2 Chaidh aontachadh an aon ùghdarras 's a th' aig a' Chomataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean a thoirt don Chomataidh seo: *The Board delegates to the Audit & Assurance Committee the authority to obtain, at the company's expense, independent impact assessments on any of the Company's activities that lie within its terms of reference.*
- 7.2 Thèid coimhead ri briathran san earrann co-cheangailte ri 'Operations'.

- 7.3 Thèid cairt-eagrachais (organogram) na buidhne a chuir mar Appendix ris gus an tiomnadhlùghdarrais a shealltainn gu soilleir.
- 7.4 **Co-dhùnadh:** ma thèid na molaidean a chuir an sàs bidh buill riaraichte.
- 7.5 **Gniomhan:** thèid sgioblachadh a dhèanamh air an Sgeama Tiomnachaид agus thig e chun bhùird tro phròiseas sgrìobhte sa chola-deug tha romhainn. ([MAMI](#))

8. Clàr Riosgan

- 8.1 Bhruidhinn DMD mun phàipear, a' mìneachadh adhartas le cuid de na riosgan agus a' mìneachadh gur e an t-suidheachadh co-cheangailte ri Covid-19 fhathast am prìomh riosg ri làimhseachadh. Chaidh deasbad a chumail mun chlàr air fad agus b' e na prìomh phuingean còmhraidi:
- 8.2 #18 - bidh an Sgioba Àrd-stiùiridh air a lùghdachadh bho 1/3/21 ri linn an Stiùiriche Ionmhais a' fàgail a dhreuchd. Thathas air an riosg seo àrdachadh (bho uaine gu buidhe) fhad's a tha an t-suidheachadh ga làimhseachadh. Chaidh aontachadh iomradh a thoirt air an seo aig coinneamh a' Bhùird sa Mhàrt.
- 8.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte leis mar a bhathas a' làimhseachadh nan cunnartan.
- 8.4 **Gniomhan:** 1) thèid na riosgan air an comharrachadh ann an dearg air beulaibh a' bhùird aig coinneamh a' Mhàirt, a thuilleadh air iomradh a thoirt air an riosg co-cheangailte ris an Stiùiriche Ionmhais a bhith a' leigeil dheth a dhreuchd. ([Gniomh: DMD](#))

9. Pasgan Cunntasachd Q3 2020-21

- 9.1 Bha pàipear agus Pasgan Cunntasachd air beulaibh bhall, a' comharrachadh duilleagan 2-6 taobh a-staigh a' phasgan agus bhruidhinn NP agus NMG air, le dùil air pròiseas seach air buidseat.
- 9.2 Chaidh a chomharrachadh gu bheil caiteachas riochdachaidh (production spend) agus cosgais SpeakGaelic gu math mòr anns an dà mhìos mu dheireadh den bhliadhna. Le seo, agus dà phàigheadh clàraichte air an toirt air adhart airson Pasgain, bu chòir an cothromachadh banca dùnaidh a bhith aig ìre taobh a-staigh chrìochan.
- 9.3 Chaidh a chomharrachadh gun d' fhuaireas cead bho Riaghaltas na h-Alba airgead a bharrachd luach £853k a thoirt air adhart airson riochdachaidhean a chaidh an cur dheth gu 2021/22. Tha seo os cionn luach banca (bank balance) àbhaisteach na buidhne.
- 9.4 Chaidh aontachadh gum biodh e feumail nam biodh am mìneachadh a thaobh dè tha na 'criochan' a' ciallachadh sna pàipearan bho seo a-mach.

- 9.5 Chaidh ceist a chuir a thaobh an earrann san Statement of Comprehensive Income agus prògraman craolta agus an gabhadh seo a bhriseadh sios gu gnèithean. Chaidh innse gum biodh e furasta seo a mhìneachadh aig coinneamhan a' dol air adhart. Ged a tha seo fo ùghdarris na Comataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean, bhiodh e cuideachail don Chomataidh seo a bhith mothachail air an seo.
- 9.6 Bha ceist aig ball a thaobh na fo-chosgaisean fon cheann “promotions, marketing & strategic development agus chaidh aontachadh gun deigheadh nota mìneachaidh a chuir ris an earrainn seo san ath phasgain.
- 9.7 Bha uallach air aona bhall, le bhith a' faicinn am fiosrachadh a tha a' dol chun Chomataidh seo agus a' Chomataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean gu h-iomallan, nach eil am fiosrachadh a' sruthadh mar bu chòir agus nach eil e comasach rèiteachd (reconciliation).
- 9.8 Chaidh innse leis gur e seo an treas bliadhna de chùmhnant Saffrey Champness - ach le sìneadh dà bhliadhna nam biodh am buidheann airson sin – gu robh feum air pàipear a dhol chun bhùird san Ògmhios. B' e moladh na Comataidh a mholadh chun bhùird sìneadh dà bhliadhna a thoirt air a' chùmhnant, stèidhichte air luach-an-airgid agus dèanadais a' chompanaidh.
- 9.9 **Co-dhùnadh:** thèid an tuilleadh obrach a dhèanamh gus a' phasgan cunntasachd a dhèanamh nas phasa a thuigsinn, le aona set de thoraidhean ionmhasail.
- 9.10 **Gníomhan:** 1) thèid coinneamh a chuir air dòigh eadar an Cunntasair agus aona bhall gus cùisean a ghluasad air adhart mu phuing 9.7 (**NP**); 2) thèid aithrisean a bharrachd a dhèanamh san ath phasgan co-cheangailte ri puingean 9.4, 9.5 agus 9.6 (**NP**); agus 3) thig pàipear air beulaibh a' bhùird a thaobh 9.8. (**DC**)

10. KPIs/Dashboard

- 10.1 Bha pàipear agus KPIs/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 10.2 Chaidh innse gu bheil an Dashboard a' dèanamh geàrr-chunntas air ìre coileantachd Q3 (31/12/20) airson na bliadhna' ionmhais 2020-21 mu choinneimh Plana Obrachaидh na bliadhna. Tha an Dashboard a' leantainn structar a' Phlana Obrachaيدh agus a' sealltainn ìre coileantachd (a) na 10 prìomh KPIs agus (b) gach phrìomh slat-tomhais a bha air ainmeachadh sa Phlana Obrachaيدh 2020-21. Tha na h-àireamhan stèidhichte air an dàta mionaideach a thathas a' cruinneachadh taobh a-staigh siostam KPIs na buidhne.
- 10.3 Chaidh iomradh a thoirt air na 10 Prìomh KPIs agus an fheadhainn a bha soirbheachail, coileanta gu ìre agus far an robh dùbhlain agus chaidh iomradh cuideachd air Dèanadais (*Performance Dashboard*).

- 10.4 Chaidh ceist a thogail a thaobh ciamar a bhathas a' tomhas seallaidhean air an iPlayer. Chaidh innse gu bheil sealladh a' ciallachadh gach treub a choimheadas neach prògram airson 15 mionaid +. Chaidh a chomharrachadh gu bheil laigsean san fharsaingeachd air feadh a' ghniomhachais thar nan ùrlaran oir chan eil seo ag innse cia mheud neach eadar-dhealaichte a tha a' coimhead susbaint.
- 10.5 Chaidh ceist a chuir a thaobh a' cheangail eadar *viewers* and *subscribers* air YouTube agus dè an eadar-dhealachadh a bh' ann eatorra. Chaidh innse gu bheil 85% de seallaidhean (views) a' tighinn bho non-subscribers ach thathas a' measadh nach eil seo a' toirt buaidh ann an co-theacsa seanailean leithid YouTube BBC ALBA.
- 10.6 A' leantainn atharraichean ann an dleastanas na Comataidh, chaidh faighneachd an robh a' Chomataidh fhathast ag iarraidh am fiosrachadh slàn taobh a-staigh na KPIs agus an Dashboard. Chaidh a dhaingneachadh gu robh oir tha e a' toirt os-shealladh ro-innleachdail do bhuill ach le aithne gur ann airson fios a-mhàin a bhios páirtean dhiubh leis gu bheil páirt a-nis mar uallach air a' Chomataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean.
- 10.7 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 10.8 **Gníomhan:** 1) thèid Clàr na 10 Prìomh KPIs air adhart gu coinneamh a' Bhùird (**DMD**) agus 2) thèid breithneachadh air 10.4 aig seisean fiosrachaидh gnothaichean clàir aig coinneamh a' Bhùird air 10/3/21 ach thèid smaoineachadh mu seisean trèanaidh le neach a tha an sàs sa gnothach seo a chuir air a' chlàr. (**MAMI**).
- 11. In-sgrùdadadh 2021/21 - a) Èifeachdas a' bhùird agus b) Slàinte & Sàbhailteachd**
- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus bhruidhinn NMG agus DC mu dheidhinn.
- 11.2 Èifeachdas a' bhùird – bha buill riaraichte gu robh an Sgioba Àrd-stiùiridh a' gabhail nan gnìomhan os làimh.
- 11.3 Slàinte & Sàbhailteachd - thug buill moladh seachad dhan sgioba airson toraidhean cho math fhaighinn a-mach às an In-sgrùdadadh.
- 11.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte
- 12. Cùmhnantan Seirbheis**
- 12.1 Bha pàipear ar beulaibh bhall le fiosrachadh bliadhnaidh air ùrachadh cùmhnantan seirbheis agus bhruidhinn NP mu dheidhinn.
- 12.2 Chaidh a dhaingneachadh gur ann dìreach aig an àm seo gach bliadhna a bhiodh seo a' nochdadh sa phasgan cunntasachd, seach aig a h-uile coinneamh.
- 12.3 **Co-dhùnadh:** 1) bha buill riaraichte.

13. Poileasaidhean

- 13.1 Bha pàipear agus poileasaidhean air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun deidhinn.

Dìonachd IT (Cybersecurity)

- 13.2 Tha seo a' nochdadhean air Clàr Riosgan na buidhne mu thràth agus tha modhan-obrach air am mìneachadh taobh a-staigh Poileasaidean IT na buidhne. Ach chaidh am poileasaidean ùr seo a chruthachadh gus dèiligeadh leis a' chuspair ann an dòigh ro-innleachdail far am bi fòcas air gnothaichean aig àrd-ìre seach ìre luchd-obrach. Tha seo a' leantainn molaidhean Riaghaltas na h-Alba gum bu chòrr buidhnean poblach cybersecurity a mheasadh mar "board-level risk".
- 13.3 Tha Manaidsear IT na buidhne a' cumail sùil gheur air cunnartan cybersecurity agus tha trèanadh airson luch-obrach anns a' chlàr-trèanaidh sa Mhàrt 2021.
- 13.4 Chaidh molaidhean a thoirt seachad gus cuid den bhriathrachas a dhèanamh nas pungail.
- 13.5 Chaidh mothachadh gu robh tòrr uallach air an "network administrator" agus chaidh faighneachd bheil taic aig an neach. Chaidh innse gu bheil taic ri fhaighinn bhon taobh a-muigh agus nuair a thig e gu rudan mòra gu bheil am pròiseas sin ga làimhseachadh tron phròiseas leantainneach gnothaich.
- 13.6 **Co-dhùnadh:** nuair a thèid na h-atharraichean a chaidh am moladh an dèanamh, bidh buill riaraichte.
- 13.7 **Gníomhan:** 1) thèid sgioblachadh a dhèanamh air a' phoileasaidean a' toirt fa-near de bheachdan nam ball a thaobh briathrachas; 2) thig am poileasaidean air ais chun Chomataidh tro phròiseas sgrìobhte airson aonta mus tèid e air adhart chun bhùird. ([\(DMD\)](#))

Drugaisean & Deoch-làidir

- 13.8 Chaidh leirmheas a dhèanamh air a' phoileasaidean seo leis a' bhuidheann Creideas nar Cosnaichean (LiP) le taic bhon Chomhairliche HR, a' leantainn gníomhan bhon iomairt *Healthy Working Lives* sa bheil am buidheann an sàs.
- 13.9 Thatas air cuir ris a' phoileasaidean, a' leudachadh nan prionnsabalan gu modhan-obrach nas mionaidich a bheir tuilleadh stiùireadh do luchd-cleachdaidh a' phoileasaidean.
- 13.10 Chaidh molaidhean a thoirt seachad a thaobh briathrachas.
- 13.11 **Co-dhùnadh:** nuair a thèid na h-atharraichean a chaidh am moladh an dèanamh, bidh buill riaraichte.

- 13.12 **Gníomhan:** 1) thèid sgioblachadh a dhèanamh air a' phoileasaidh a' toirt fa-near de bheachdan nam ball; 2) thig am poileasaidh air ais chun Chomataidh tro phròiseas sgrìobhte airson aonta mus tèid e air adhart chun bhùird. **(DMD)**

Ro-uallach (Stress)

- 13.13 Chaidh leirmheas a dhèanamh air a' phoileasaidh seo leis a' bhuidheann Creideas nar Cosnaichean (IIP) le taic bhon Chomhairliche HR mar phàirt den obair a tha a' leantainn ann a bhith a' taiceachadh luchd-obrach agus gnothaichean slàinte-inntinn co-cheangailte ri Covid.
- 13.14 A-rihist chaidh cuir ris a' phoileasaidh, a' leudachadh nan prionnsabalan gu modhan-obrach nas mionaidich a bheir tuilleadh stiùireadh do luchd-cleachdaidh a' phoileasaidh.
- 13.15 Chaidh deasbad fada a chumail mu bhriathrachas sa phoileasaidh, le aonta gu robh e robh *prescriptive*.
- 13.16 **Co-dhùnad**: tha feum air an tuilleadh obrach a dhèanamh air a' phoileasaidh gus a dhèanamh nas fhaisg air daoine.
- 13.17 **Gníomhan:** 1) thèid gjorrachadh agus sgioblachadh a dhèanamh air a' phoileasaidh a' toirt fa-near de bheachdan nam ball; 2) thèid beachdan a thusadh bho luchd-obrach; 3) thig am poileasaidh air ais chun Chomataidh tro phròiseas sgrìobhte airson aonta mus tèid e air adhart chun bhùird agus 4) thèid coimhead am bu chòir suirbhidh stress a bhith air clàr-obrach na Comataidh uair sa bhliadhna. **(DMD)**

14. GISBE

- 14.1 Leis an Stiùiriche ionmhais a' leigeil dheth a dhreuchd agus e an lathair aig a' chonneamh Comataidh mu dheiredh, chaidh taing na Comataidh a bhuleachadh air airson an cuideachadh a thug e dhan Chomataidh agus am buidheann thar nam bliadhnaichean. Bidh gach neach ga ionndrainn agus taingeil dha airson a chuid-obrach agus chaidh sìth agus toileachas a' bhuleachadh air na bheatha a' dol air adhart. Thug e a thaing fhèin seachad arson taic na Comataidh agus taic a' Bhùird thar nam bliadhna.

15. Deit na h-ath choinneimh – 26/5/21

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: